

25 Giblean 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir,

San Fhaoilleach 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Is toigh le clann a bhith a' bruidhinn mu na soirbheachasan aca ann an clasaichean, clubaichean agus tachartasan. Tha iad soirbheachail ann an cothroman bogaidh a tha air an eagrachadh gu nàiseanta agus gu h-ionadail, agus le pàrantan agus com-pàirtichean.
- Tha an ceannard-sgoile agus an sgioba luchd-obrach cùramach agus coibhneil ris a' chloinn. Tha iad a' cur luach mhòr air a bhith a' meudachadh àireamh luchd-bruidhinn na Gàidhlig ann an Glaschu.
- Tha an ceannard-sgoile agus an sgioba luchd-obrach air cur ann an àite raon de thaic a bharrachd aon ri aon agus buidheann beag gus na beàrnan a dhùnadh ann am fileantas na cloinne sa Ghàidhlig. Tha seo a' meudachadh co-ionannas don chloinn as sine nach robh air am bogadh sa Ghàidhlig rè a' mhòr-ghalair.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Baile Ghlaschu.

- Bu chòir don cheannard-sgoile agus an luchd-obrach leantainn orra a' planadh a' churraicealaim gu ro-innleachdail stèidhichte air làn-bhogadh, ceartas, agus ag àrdachadh coileanadh na cloinne agus fileantas sa Ghàidhlig. Bu chòir don luchd-obrach leantainn orra a' sireadh dhòighean gus com-pàirtichean a chur an sàs ann an ionnsachadh na cloinne gus tuilleadh bheàrnan a dhùnadh ann am fileantas mar thoradh air a' mhòr-ghalar.
- Bu chòir don cheannard-sgoile agus an luchd-obrach togail air na modhan-obrach as èifeachdaiche a tha aca a thaobh làn-bhogaidh. Mar thoradh air seo, bu chòir don chloinn fèin-fhiosrachaidhean nas cunbhalach a bhith aca a thaobh làn bhogaidh, agus ionnsachadh, teagasg agus measadh tron Ghàidhlig ann an co-theacsaichean brìoghmhor.
- Bu chòir don cheannard-sgoile agus an luchd-obrach tuilleadh ullachaidhean a dhèanamh airson a bhith a' luachadh agus a' leasachadh na sgoile. Bu chòir dha sin a bhith ceangailte nas dlùithe ri bogadh agus Foghlam Meadhan Gàidhlig.

Chruinnich sinn fianais gus comas a thoirt dhuinn air luachadh obair na sgoile le bhith a' cleachdadh taisbeanairan càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4<sup>mh</sup> eagra\)](#). Tha slatan-tomhais mathais a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè a dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

## Seo na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Slatan-tomhais mathais	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail

Gheibhear tuairisgeulan de na luachaidhean bho:  
[Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4<sup>mh</sup> eagra\)](#), [Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing](#)

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#)

### Dè thachras a-nis?

Iarraidh sinn air Comhairle Baile Ghlaschu aithisg ullachadh mu adhartas leis na raointean aonaichte a thaobh leasachadh taobh a-staigh bliadhna on chaidh an litir seo fhoillseachadh. A' gabhail suim den aithisg adhartais, thig sinn chun a' cho-dhùnaidh an uair sin a bheil feum air tuilleadh dol an sàs leis an sgoil. Is dòcha gum bi seo a' gabhail a-steach turas sgrùdaidh eile. Sgrìobhaidh Comhairle Baile Ghlaschu thugaibh a-rithist le mion-fhios air na leasachaidhean a rinn an sgoil agus iomradh air a' chòrr ghnìomhan a tha dùil againn dèanamh, mar a chaidh aontachadh le Comhairle Baile Ghlaschu.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh